



Glaschubeò™



Get the most out of
Glasgow Life™

EARRACH 2011

SPRING 2011

Gabh pàirt, ionnsaich agus dèan subhachas às na h-ealain Ghàidhlig agus à cànan is cultar na Gàidhlig. Live, learn and celebrate Gaelic language, arts and culture.

Club spòrs Gàidhlig Gaelic Sports Language Club

Tha club spòrs ùr Gàidhlig air a chur air chois le Comhairle Baile Ghlaschu ann an co-bhoinn le Glaschu Beò/Spòrs Ghlaschu. Tha an club ùr, Spòrs Ghlaschu, ag amas air cothrom a thoirt do chlann sgoile ann an Glaschu an sgilean spòrs agus cànan Gàidhlig a leasachadh tro bhith a' cluiche gheamannan agus a' faighinn trèanadh ann an spòrs bho oidean le Gàidhlig. Sa chiad àite, bidh na cuspairean spòrs a' gabhail a-steach ball-coise, iomain, lùth-chleasan, ball-lìn agus badmanton. Bidh buidheann de shaor-thoilich a' gabhail a-steach pàrantan, oileanaich agus sgoilearan àrd-sgoile ag ionnsachadh sgilean a tha sònraichte do spòrs a thuilleadh air trèanadh ann an sgilean coitcheann gus a' chlann oideachadh, a bhios bho Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu sa mhòr-chuid aig aois bun-sgoile, aig amannan às dèidh na sgoile.

Bidh a' chuid mhòr de thrèanadh nan oidean air a liubhairt le Spòrs Ghlaschu agus air a cho-òrdanachadh le Steven Coulter, Oifigear Leasachaidh Club agus Saor-thoileach. Tha Steven ag obair gu dlùth leis a' Chomhairle agus le pàrantan is luchd-teagasg bhon Sgoil Ghàidhlig gus a' phròiseact a leasachadh. Thuirt e: " 'S e cothrom air leth a tha seo do dhaoine a bhith an sàs ann an spòrs. Tha mi air mo mhisneachadh gu mòr le Spòrs Ghlaschu a chionn 's gu bheil e a' freagairt gu fìor mhath air an fheallsanachd againn co-cheangailte ri mòr-ionadan coimhearsnachd air feadh a' bhaile. Tha comas mòr aig a' phròiseact seo agus tha mi air mo dhòigh a bhith an sàs ann."

Tha leasachadh Spòrs Ghlaschu mar aon de na gnìomhan an lùib Plana Gàidhlig a' bhaile a bhios a' leudachadh chothroman sa choimhearsnachd air Gàidhlig a labhairt. Thuirt Dòmhnall Mac a' Phi, Oifigear Leasachaidh Gàidhlig aig Comhairle Baile Ghlaschu: "Feumaidh sinn dòighean ùra a lorg air daoine òga a tharraing còmhla a labhairt agus a dh'èisteachd ri Gàidhlig. Tha spòrs comasach air daoine a thoirt còmhla, òigridh a dhèanamh slàn agus fallain a chuidicheas iad an uair sin gus Gàidhlig ionnsachadh nas luaithe agus nas fheàrr. Tha mi fìor thoilichte gu bheil Glaschu Beò a' cur taic ri Spòrs Ghlaschu agus tha mi a' coimhead air adhart ris a' phròiseact a leasachadh còmhla riutha agus còmhla ri coimhearsnachd Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu."

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseact, cuiribh fios gu: Dòmhnall Mac a' Phi, Oifigear Leasachaidh Gàidhlig air 0141 287 5940 no donald.macphee@glasgow.gov.uk no Steven Coulter, Oifigear Leasachaidh Club agus Saor-thoileach, Spòrs Ghlaschu air 0141 287 5811 no steven.coulter@glasgowlife.org.uk.

A new Gaelic language sports club has been developed by Glasgow City Council in conjunction with Glasgow Life/Glasgow Sport. The new club, Spòrs Ghlaschu, aims to give schoolchildren in Glasgow the opportunity to develop their sporting and Gaelic language skills through playing games and receiving sports training from Gaelic-speaking coaches. The sports initially will include football, shinty, athletics, netball, and badminton. A group of volunteers, including parents, students and senior school pupils, will receive sport-specific as well as generic skills training to coach the children, mainly of primary age from Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu (Glasgow Gaelic School), in after-school hours.

Much of the coach training will be delivered by Glasgow Sport, coordinated by Steven Coulter, Club and Volunteer Development Officer. Steven is working closely with the Council and with parents and teachers from the Gaelic School to develop the project. He said: "This is a fantastic opportunity for people to get involved in sport. I'm very excited by Spòrs Ghlaschu as it fits really well into our idea of community hubs across the city. This project has great potential and I'm delighted to be involved in it."

The development of Spòrs Ghlaschu is one of the actions in the city's Gaelic Language Plan to extend opportunities in the community to speak Gaelic. Donald MacPhee, Gaelic Development Officer for Glasgow City Council, said: "We need to find new ways of getting young people together to speak and listen to Gaelic. Sport can bring people together, get youngsters fit and healthy which in turn can help them learn Gaelic faster and better. I'm really pleased that Glasgow Sport is supporting Spòrs Ghlaschu and look forward to developing the project with them and the community of Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu."

For more information about the project, contact: Donald MacPhee, Gaelic Development Officer on 0141 287 5940 or donald.macphee@glasgow.gov.uk or Steven Coulter, Club and Volunteer Development Officer, Glasgow Sport on 0141 287 5811 or steven.coulter@glasgowlife.org.uk.

Clasaichean Cànan Gàidhlig ann an Glaschu

Gaelic Language Classes in Glasgow

Tha Glaschu air bhoil le ionnsachadh na Gàidhlig! Tha raon de chlasaichean cànan Gàidhlig ann an Glaschu a fhreagras diofar ùidhean agus ìrean sgil, diofar stoidhlichean ionnsachaidh agus ruigsinneachd dhaoine.

Ma tha ùidh agaibh ann an Gàidhlig ionnsachadh no feabhas a chur air ur sgilean cànan Gàidhlig, cuiribh fios gu aon de na buidhnean a leanas ach am faic sibh dè bhiodh freagarrach dhuibh:

Glasgow's alive with Gaelic learning! There are a range of Gaelic language classes in Glasgow to suit different interest and skills levels, different preferred learning styles and people's availability.

If you are interested in learning or improving your Gaelic language skills, get in touch with one of the following organisations to see what would suit you:



Glaschu Beò Glasgow Life

Clasaichean Inbheach Adult Classes

Tha Glaschu Beò a' tairginn ceithir ìrean de chlasaichean Gàidhlig do dh'ìnbhich: Fìor Luchd-tòiseachaidh, Tòiseach tòiseachaidh (1), Tòiseach tòiseachaidh (2) agus Clas Còmhraidh. Bidh clasaichean gu h-àbhaisteach a' ruith mar phrògram 10-seachdainean agus a' gabhail àite ann an Sgoil Ghàidhlig Glaschu air feasgar Diluain bho 7-9f fad teirm na sgoile. Cuiribh fios thugainn airson faighinn a-mach mu phrògram an ath teirm, a' gabhail a-steach mion-fhiosrachadh mu chosgaisean agus clàradh, no coimheadaibh air-loidhne aig www.glasgowlife.org.uk.

Glasgow Life offers four levels of Gaelic language classes for adults: Absolute Beginners, Introduction to Gaelic (1), Introduction to Gaelic (2) and Clas Comhraidh (conversation for Gaelic speakers). Classes usually run as 10-week programmes and take place in Sgoil Ghàidhlig Glaschu, on Monday evenings, 7pm-9pm, during school terms. Get in touch to confirm details of next term's programme including cost and enrolment details or check online www.glasgowlife.org.uk.

Clasaichean Phàrantan is Teaghlach

Parent and Family Classes

Tha Glaschu Beò ag obair còmhla ris an sgoil Ghàidhlig agus feadhainn eile gus raon de chlasaichean, cùrsaichean agus tachartasan a sholarachadh do phàrantan, clann agus teaghlach airson an sgilean cànan a leasachadh. Tha gnìomhachdan a bhios a' gabhail àite ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, 147 Sràid Berkeley, Glaschu G3 7HP a' gabhail a-steach:

Glasgow Life works with the Gaelic school and others to provide a range of classes, courses and events for parents, children and families to develop their language skills. Activities taking place at Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, 147 Berkeley Street, Glasgow, G3 7HP include:

Clasaichean Phàrantan Parents' Classes

Cuimsichte air pàrantan chloinn sgoile ann am Prìomh 1. Tha cùrsa sia seachdainean a' ruith do phàrantan gach teirm air feasgar Diardaoin bho 6.30 – 8f. Tha am prògram seo air a theagasg le luchd-teagasg na sgoile. Tha e a' gabhail àite aig an aon àm ri Sradagan (faic gu h-ìosal).

Aimed at parents of P1 pupils. A six week course for parents runs each term on a Thursday from 6.30pm – 8pm. The programme is taught by school staff. It runs at the same time as the Sradagan (see above).

Buidheann Ionnsachaidh Teaghlach

Family Learning Group

A' coinneachadh gach madainn Disathaime bho 10m–11.45m (tron teirm). Thathar a' tairginn cluiche fo stiùireadh do chloinn ann an dà bhuidheann-aoise, 3-5 agus 5-11 agus clasaichean Gàidhlig do phàrantan (agus sean-phàrantan, uncailean, antaidhean is eile). Tha na clasaichean a' cosg £5 do gach teaghlach gach seachdain.

Meets every Saturday morning, from 10am–11.45am (during term-time). It offers supervised play for children in two age-groups, 3-5 and 5-11 and Gaelic language classes for parents (and grandparents, uncles, aunts etc). Cost £5 per family per week.

Seachdain Ionnsachaidh Teaghlach

Family Learning Week

Diluain 25mh - Dihaoine 29mh luchair. Mar a chithear gu h-àrd, 25 uair a thide thairis air còig làithean. Dòigh fìor mhath tòiseachaidh do phàrantan a tha ùr do SGG agus do Ghàidhlig agus dhaibhsan le beagan Gàidhlig, gus an sgilean cànan a leasachadh. Cosgais: £50 do dh'ìnbhich; £5 do gach pàiste. Monday 25th - Friday 29th July. As above, 25 hours over five days. A great way to get started for parents new to SGG and to Gaelic and for those with some Gaelic to develop their language skills. Cost: £50 adults; £5 per child.

Sradagan

Sradagan

Geamannan is fealla-dhà ann an Gàidhlig do sgoilearan bun-sgoile fad na bliadhna sgoile, gach Diardaoin bho 6.30 – 8f (tron teirm a-mhàin).

Fun and games in Gaelic for primary school pupils throughout the school year, every Thursday 6.30pm – 8pm (term-time only).

A bheil do phàiste a' frithealadh aon de na Sgoiltean-àraich tro Mheadhan na Gàidhlig?

Is your child attending one of the Gaelic Medium Nursery Classes?

Dh'fhaodadh gum biodh ùidh agad ann an aon de na clasaichean a bhios a' ruith tron latha do phàrantan chloinne aig sgoiltean-àraich Rowena, Lyoncross agus Sgoil Gaidhlig Ghlaschu. Tha na clasaichean sin air an cumail san sgoil-àraich no ann an togalach faisg air làimh.

Ma tha ùidh agaibh ann an gin de na tha gu h-àrd, cuiribh fios gu: Glaschu Beò – Coimhearsnachdan (Siar), Taigh Gart Sgadain, Corran Dail Seiteir, Glaschu, G15 8TG. Faodaidh sibh fònadh gu 0141 276 1525 no coimheadaibh air an làraich-lìn againn airson tuilleadh fiosrachaidh agus fiosrachadh às ùr aig www.glasgowlife.org.uk. You might be interested in one of the day-time classes for parents of children at Rowena, Lyoncross and Sgoil Gaidhlig nurseries. These classes are held in the nursery or at a nearby venue.

If you are interested in any of the above, please contact: Glasgow Life – Communities (West), Garscadden House, Dalsetter Crescent, Glasgow, G15 8TG. Call 0141 276 1525 or look on our website for more information and updates www.glasgowlife.org.uk.





Oilthigh Ghlaschu The University of Glasgow

Prògraman Ionnsachaidh Gàidhlig do dh'Inbhidh Gaelic Adult Learning Programmes

www.gla.ac.uk/dace Cuiribh fios gu Oilthigh Ghlaschu, Togalach Naoimh Anndra, 11 Sràid Eldon, Glaschu, G3 6NH, Fòn: 0141 330 1835 no Post-d: dace-query@educ.gla.ac.uk

www.gla.ac.uk/dace Contact: University of Glasgow, St. Andrew's Building, 11 Eldon Street, Glasgow, G3 6NH, Tel: 0141 330 1835 or Email: dace-query@educ.gla.ac.uk

Tha Oilthigh Ghlaschu a' gabhail a-steach Cùrsaichean Gàidhlig Ulpan anns an raon aca de phrògraman ionnsachaidh do dh'inbhidh. 'S e dòigh luath agus èifeachdach air Gàidhlig ionnsachadh a th' ann an Ulpan. Tha labhairt a' tighinn an toiseach agus tha leughadh is sgrìobhadh a' leantainn beagan ùine às dèidh sin. Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fòn gu 0141 330 1835 (10m- 4.30f). Tha na cùrsaichean cànan uile airidh air maoinachadh ILA200 tro ILA Alba, ma tha sibh a' cosnadh £22,000 no nas lugha. Airson tuilleadh mion-fhiosrachaidh, cuiribh fios dìreach gu ILA Alba no air saor-fòn 0808 100 1090 no tadhailibh air www.ilascotland.org.uk

The University of Glasgow includes Ùlpan Gaelic Courses in its range of adult learning programmes. Ùlpan is a fast and effective way to learn Gaelic. Speaking comes first and reading and writing follow a little later. For further information call 0141 330 1835 (10am- 4.30pm). All language courses qualify for ILA200 funding through ILA Scotland, if you earn £22,000 or less. For more detail contact ILA Scotland direct on freephone 0808 100 1090 or visit www.ilascotland.org.uk

Prògraman Gàidhlig Fo-cheumnaiche agus Iar-cheumnaiche Undergraduate and Postgraduate Gaelic Programmes

www.glasgow.ac.uk/gaelic

Tha cùrsaichean aig ìre fo-cheumnaiche agus iar-cheumnaiche a' ruith ann an Oilthigh Ghlaschu a tha freagarrach do gach ìre comais sa chànan, a' gabhail a-steach: fìor luchd-tòiseachaidh, eadar-mheadhanaich, adhartaich agus fileantaich dùthchasach. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu chùrsaichean Gàidhlig agus mun iomairt Ghàidhlig Tar-Oilthigh, cuiribh fios gu: Fiona Dunn, Oifigear Gàidhlig: Fiona.Dunn@glasgow.ac.uk no cuiribh gairm fòn gu 0141 330 8505 no gun Ollamh Roibeard Ó Maolalaigh, Ollamh na Gàidhlig, Ceannard Dàimh Ceiltis agus Gàidhlig: Roibeard.Omaolalaigh@glasgow.ac.uk no fònaibh gu 0141 330 4222.

The University of Glasgow has undergraduate and postgraduate level courses suitable for all levels of ability in the language including: complete beginners, intermediate learners, advanced learners and native speakers of the language. For more information on Gaelic courses and the University-wide Gaelic initiative, contact: Fiona Dunn, Gaelic Language Officer: Fiona.Dunn@glasgow.ac.uk or telephone 0141 330 8505 or Professor Roibeard Ó Maolalaigh, Professor of Gaelic, Head of Subject, Celtic and Gaelic: Roibeard.Omaolalaigh@glasgow.ac.uk or telephone 0141 330 4222.



Colaiste Stow Stow College

Tha Colaiste Stow a' solarachadh chùrsaichean Gàidhlig SQA do luchd-ionnsachaidh aig ìrean Inntigeachd 3, Eadar-mheadhanach 1, Eadar-mheadhanach 2 agus Àrd-Ìre. Faodaidh na cùrsaichean sin a bhith pàirt-ùine no làn-ùine. A bharrachd air an sin, tha an cùrsa Àrd-Ìre Gàidhlig (labhairtich dùthchasach) air a thairgsinn air bhunait pàirt-ùine. Tha measadh leantainneach ga chleachdadh fad na bliadhna, leis an roghainn na deuchainnean deireannach a shuidhe sa Chèitean. Tha cothrom aig na h-oileanaich prògram bogaidh fad seachdainne a fhrithealadh air a' Ghàidhealtachd aig deireadh a' chùrsa aca. Tha na clasaichean air an eagrachadh aig amannan a tha freagarrach do phàrantan agus do chloinn sgoile.

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu Seirbheisean Ionnsachaidh air 0844 249 8585, no post-d gu enquiries@stow.ac.uk

Stow College provides SQA Gaelic learner courses at Access 3, Intermediate 1, Intermediate 2 and Higher. These courses can be part-time or full time. In addition the Gàidhlig (native speakers) Higher is also offered on a part-time basis. Continual assessment is used throughout the year, with the option of final exams in May. Students have the opportunity to attend a full week's immersion programme in the Gàidhealtachd at the end of their course. The classes are arranged at times that are suitable for parents with schoolchildren.

For more information please contact: Learner Services 0844 249 8585, e-mail: enquiries@stow.ac.uk



Clì Gàidhlig Clì Gàidhlig

Tha fiosrachadh mu mhodh ionnsachaidh na Gàidhlig aig Ulpan ri fhaotainn tro Clì Gàidhlig. Tha Ulpan a' tairgsinn dòigh eile air Gàidhlig ionnsachadh ann an Glaschu. Tha Ulpan a' cuimseachadh air na sgilean ionnsachaidh cànan co-cheangailte ri èisteachd agus labhairt, agus mar sin tha oileanaich gu luath a' ruighinn ìre fileantachd ann an Gàidhlig labhairteach agus comas air conaltradh sa chànan. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Ulpan agus mu chùrsaichean a tha a' ruith gu làithreach agus cùrsaichean san amharc, cuiribh fios gu Mechthild Ghreumach aig Clì Gàidhlig: fòn: 01463 226 710, post-d: ulpan@cli.org no rachaibh gun làraich-lìn againn: www.cli.org.uk

Information on the Ùlpan method of learning Gaelic is available through Clì Gàidhlig. Ùlpan offers another way to learn Gaelic in Glasgow. Ùlpan concentrates on the language learning skills of listening and speaking so students quickly reach a level of fluency in spoken Gaelic and the ability to converse in the language. For further information about Ulpan and current and prospective courses please contact Mechthild Graeme at Clì Gàidhlig: phone: 01463 226 710, email: ulpan@cli.org or go to our website: www.cli.org.uk



Ealain Ghàidhlig Gaelic Arts

Foillseachadh Ro-Innleachd nan Ealan Ghàidhlig Gaelic Arts Strategy Launch

Chaidh Ro-Innleachd nan Ealan Ghàidhlig aig Glaschu Beò a chur air bhog anns an CCA air 20 Faoilleach 2011. Bidh an Ro-Innleachd a' dèanamh cinnteach gun lean a' Ghàidhlig oirre a' fàs, gum bi i spreagail agus na pàirt chudromach de dhearbha-aithne a' bhaile anns an ullachadh mu choinneamh Geamannan a' Cho-fhlaitheis ann an 2014.

Còmhla ri còrr agus 20 com-pàirtiche, tha prìomh chuspairean a' gabhail a-steach Prògram Ealain Ghàidhlig le Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu; iomairt rannsachaidh Ealain Ghàidhlig; Fòraman Chruthan Ealain do luchd-ealain uile aig a bheil ùidh ann an Gàidhlig (thar Litreachas, Dràma, Ealain Lèirsinneach agus Ceòl); agus mòran tachartasan is chothroman eile gus taic a chur ri ionnsachadh, cleachdadh agus ìomhaigh na Gàidhlig.

Tha Ro-Innleachd nan Ealan Ghàidhlig aig Glaschu Beò mar phàirt de Phlana Gàidhlig Ghlaschu. Faic www.glasgowlife.org.uk/gaelicarts.

Glasgow Life's Gaelic Arts Strategy was launched at the CCA on 20th January 2011. The Strategy will ensure that Gaelic continues to grow, inspire and be a significant part of the city's identity in the lead up to the 2014 Commonwealth Games.

With over 20 new partners, highlights include a Gaelic Arts programme with Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu; a Gaelic Arts research initiative; Art Form Forums for all artists interested in Gaelic (across Literature, Drama, Visual Art and Music); and many other events and opportunities to support learning, use and profile of the Gaelic language.

Glasgow Life's Gaelic Arts Strategy is part of Glasgow's Gaelic Language Plan. See www.glasgowlife.org.uk/gaelicarts.

Speaking our language Speaking our Language

Thug Comhairle nan Leabhraichean tabhartas de 500 lethbhreac de 'Speaking our Language', leabhar 1 agus 2 do Ghlaschu Beò airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus Leabharlannan air feadh a' bhaile.

Tha measgachadh fìor mhath de stuthan ionnsachaidh, leabhraichean airson gach aois agus CDan de cheòl Gàidhlig agus ceòl traidiseanta ann an togalach ùr-sgeadaichte Chomhairle nan Leabhraichean, air Sràid Achadh a' Mhansa ann am Partaig.

Comhairle nan Leabhraichean donated 500 copies of 'Speaking our Language' books 1 and 2 to Glasgow Life for the Gaelic Learners and Libraries across city.

Comhairle nan Leabhraichean's refurbished premises in Mansfield Street, Partick, has a great variety of learning materials, books for all ages and cds of Gaelic and traditional music.

Gòireas Ùr Ealain Ghàidhlig Air-loidhne New Gaelic Arts Online Resource

Tha goireas ùr ealain Ghàidhlig air-loidhne air fhoillseachadh tro chom-pàirteachas eadar Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail. Tha an làrach-lìn fon tìotal 'Ealain Ghàidhlig' no 'Gaelic Arts' a' toirt seachad liosta de na prìomh bhuidhnean agus luchd-ealain a bhios a' liubhairt agus a' cur taic ris na h-ealain Ghàidhlig eadar-dhealaichte. Tadhaillibh air www.EalainGhaidhlig.com.

A new Gaelic arts online resource has been launched through a partnership between Bord na Gaidhlig and Creative Scotland. The website titled 'Ealain Ghaidhlig' or 'Gaelic Arts' lists the main organisations and artists delivering and supporting the various Gaelic arts. Visit www.EalainGhaidhlig.com.

Leabhar 's Craic Disathairne 26 Màirt CCA Leabhar 's Craic Saturday 26th March CCA

Ann an com-pàirteachas le Comhairle nan Leabhraichean, tha Leabhar 's Craic, an aon fhèis litreachais Ghàidhlig a-mhàin ann an Alba, ag intrigeadh don tritheamh bliadhna. 'S e latha de bhùithtean-obrach agus fealla-dhà don teaghlach air fad a bhios ann, le foillseachadh leabhair bhon t-sreath Ùr-sgeul, òraidean, agus deasbadaan mu chùisean aig a bheil buaidh air saoghal litreachail na Gàidhlig. Tha Leabhar 's Craic gu làithreach a' faighinn iarrtasan bho sgrìobhadairean Gàidhlig, a tha airson an cuid obrach a chur am follais. Nas fhaide air adhart, bidh oidhche shònraichte ann de Òrain Phoilitigeach ann an Gàidhlig agus Albais, a' taisbeanadh nan tàlantan mhiorbhaileach aig Dick Gaughan, Ailean Dòmhnallach agus Kathleen NicAonghais.

In partnership with the Gaelic Books Council, Leabhar 's Craic, the only all-Gaelic literary festival in Scotland enters its third year. It will be a day of workshops and fun for all the family, with a book launch from the celebrated Ur-sgeul series, lectures, and discussions on issues affecting the Gaelic literary world. Leabhar 's Craic is currently receiving submissions from Gaelic writers who want to profile their work. In the evening there will be a special evening of Political Song in Gaelic and Scots, showcasing the amazing talents of Dick Gaughan, Allan MacDonald and Kathleen MacInnes.

Ceòl 's Craic Ceòl 's Craic

Tha Ceòl 's Craic mar theis-meadhain sòisealta agus àrd-ùrlar airson Cultar Gàidhlig co-aimsireil ann an Glaschu. Gach mìos, tha prògram eadar-dhealaichte ann a bhios ag amas air Gàidhlig fhosgladh a-mach sa bhaile gu gach neach, bhon chafaidh còmhraidh dhaibhsan a tha ag ionnsachadh a' chànan, bùithtean-obrach bho luchd-coileanaidh Gàidhlig air thadhal, fiolmaichean agus gu leòr ciùil agus tarraing-às. Tha an tachartas seo a' footainn taic bho Ghlaschu Beò agus Alba Chruthachail.

Airson tuilleadh fiosrachaidh agus tachartasan san amharc, tadhaillibh òimn air Facebook, Twitter agus Myspace www.myspace.com/ceolscaic.

Ceòl 's Craic is the social hub and platform for contemporary Gaelic Culture in Glasgow. Every month there is a varied programme which aims to open up Gaelic in the city for everyone, from the conversation café for those learning the language, workshops from visiting Gaelic performers, film screenings and of course plenty of music and banter. This event is supported by Glasgow Life and Creative Scotland.

For more information and listings visit on Facebook, Twitter and Myspace www.myspace.com/ceolscaic.

Sommersaults @ Citizens Theatre

Sommersaults @ Citizens Theatre

Coileanadh Àrd-ùrlair - Theater an Citizens, Diciadain 23 – Disathairne 26 Màirt aig 7.30f. Fòn: 0141 429 0022.

'S e dealbh-chluich ùr a th' ann an Sommersaults leis an sgrìobhaiche Iain Fionnlagh Macleòid, air a coileanadh air àrd-ùrlar ann am Beurla is Gàidhlig.

Tha a h-uile nì a dh'ìarradh tu aig Seumas, an ceumnaiche à Cambridge: beairteas, bean eireachdail, flat spaideil ann an Lunnainn. Ach nuair a ghluaiseas an luchd-fiach a-steach agus a ghluaiseas a bhean a-mach, tha Seumas gu h-obann a' tuigsinn gu bheil e air fhàgail falamh. Gun chàil ach facail, agus co-dhiù tha iad a' sioladh air falbh. Tha athair Sheumais a' bàsachadh – an ceangal mu dheireadh aige ri làithean òige, ri a thogail agus ri cànan a bhreith is àraich, a' Ghàidhlig. Leis a' cheangal seo air falbh, an sguir e a bhith beò? Aige ri aghaidh a chur air a bheatha a chaidh seachad agus a' chòmhsri dearbh-aithne na thaobh a-staigh, tha Seumas a' rannsachadh cudromachd cànan agus mar a tha cànan a' mìneachadh cò sinn.

Tha Sommersaults mar phàirt de Reveal, seusan de dh'obair ùr air a thaisbeanadh le Theater Nàiseanta na h-Alba ann an co-bhoinn le Theater an Citizens agus an Traverse.

A Platform performance - Citizens Theatre, Wednesday 23rd – Saturday 26th March 7.30pm. Telephone: 0141 429 0022.

Sommersaults is a new play by Gaelic playwright Iain Finlay Macleod and is performed in English and Gaelic.

Cambridge graduate James has it all: wealth, a beautiful wife, a swanky London flat. But when the creditors move in and his wife moves out, James suddenly finds he's left with nothing. Nothing but words, and even they are starting to slip away. James' father is dying – his last connection to his childhood, his upbringing and language of his birth, Gaelic. With this link gone, will he simply cease to exist? Forced to confront his past and the conflict of identity within him, James explores the importance of language and how it defines who we are.

Sommersaults is part of Reveal, a season of new work presented by the National Theatre of Scotland in association with the Citizens Theatre and Traverse Theatre.

Club Leabhair Gàidhlig Ghlaschu

Glasgow Gaelic Book Club

Tha coinneamhan air an cumail air a' chiad Dimàirt den mhìos anns am Bibliocafe, 262 Rathad Woodlands, Glaschu. Ma tha ùidh agaibh a bhith an làthair, cuiribh fios gu 0141 337 6211 no mairim@gaelicbooks.net. Tha buill ùra an-còmhnaidh di-beathte agus mar sin thigibh còmhla rinn. www.gaelicbooks.org.

Meetings are held on the first Tuesday of the month at Bibliocafe, 262 Woodlands, Glasgow. If you are interested in attending please contact 0141 337 6211 or mairim@gaelicbooks.net. New members are always welcome so please feel free to join us www.gaelicbooks.org.

Seinn Gàidhlig anns an CCA

Gaelic Singing at CCA

Tha clas seinn nam mnathan anns an CCA fosgailte do na h-uile le ùidh ann an òrain Ghàidhlig. Chan eil eòlas air Gàidhlig riatanach. Tha a' bhuidheann a' coinneachadh gach Diardaoin aig 7f.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu aon sam bith de na gnìomhachdan sin, cuiribh fios gu: Rona NicDhòmhnaill, Oifigear Leasachaidh nan Ealan Ghàidhlig, Glaschu Beò, 0141 287 8967 rona.macdonald@glasgowlife.org.uk.



The women's Gaelic singing class at the CCA is open to all with an interest in Gaelic song. No knowledge of Gaelic is necessary. The group meets every Thursday, at 7pm.

For further information on any of these activities please contact: Rona MacDonald, Gaelic Arts Development Officer, Glasgow Life, 0141 287 8967 rona.macdonald@glasgowlife.org.uk.

Cùrsaichean Gàidhlig Samhraidh RSAMD

RSAMD Summer Gaelic Courses

Tron t-samhradh, tha ionad-gleidhidh ciùil, dràma agus dannsa, a' tairginn cothrom ruigsinneachd air a sheòmraichean agus luchd-obrach, gus raon brosnachail de chùrsaichean goirid àrd-speisealaichte a ch-roinn. Tha na cùrsaichean air an dealbh agus air an stiùireadh le oidean an Acadamaidh, òraidichean, ollamhan, Co-òraidichean Eadar-nàiseanta agus com-pàirtichean gnìomhachais.

Tha RSAMD agus Sabhal Mor Ostaig air plana ro-innleachdail a chur ri chèile, gus cultar de dhràma co-aimsireil soirbheachail Gàidhlig fhàs agus a leasachadh ann an Alba, agus tha iad fìor thoilichte dà chùrsa samhraidh ùr a thòiseachadh do shaoghal theater na Gàidhlig.

During the summer, Scotland's national conservatoire of music, drama and dance offers access to its spaces and staff to share an inspiring range of highly specialised short courses. Courses are designed and led by Academy staff tutors, lecturers, professors, International Fellows and industry partners.

RSAMD and Sabhal Mor Ostaig have developed a strategic plan to grow and develop a thriving contemporary Gaelic drama culture in Scotland and are delighted to introduce two new summer courses for the Gaelic speaking theatre world.

Cur an aithne Actadh ann an Gàidhlig

RSAMD, 1 – 6 Lùnastal 2011, £425

Tha an cùrsa goirid seo air a dhealbhadh do dh'inbich agus proifeiseantaich theater aig a bheil ùidh ann an leasachadh sgilean actaidh ann an Gàidhlig. Tron chùrsa, bidh com-pàirtichean a' cleachdadh teacsaichean air an taghadh gus an cànan Gàidhlig a rannsachadh ann an coileanadh, ann an togail misneachd agus ann an eòlas. A thuilleadh air a bhith a' leasachadh actadh, guth agus sgilean gluasaid, bithear a' brosnachadh chom-pàirtichean gus a dhol an sàs gu cruthachail anns an teacsa Ghàidhlig agus na caractaran is na cuairtean a rannsachadh.

Introduction to Acting in Gaelic

RSAMD, 1st – 6th August 2011, £425

This short course is designed for adults and theatre professionals interested in developing skills in acting in Gaelic. Throughout the course participants will use selected texts to explore Gaelic language in performance, building confidence and experience. As well as developing acting, voice and movement skills, participants will be encouraged to engage creatively with Gaelic text and to explore character relationships and journeys.

Teagasg Actadh tro Ghàidhlig

RSAMD, 8 - 13 Lùnastal 2011, £425

Tha an cùrsa goirid seo air a dhealbhadh gus tairginn do neach-cleachdaidh dràma le Gàidhlig agus le eòlas, cothrom a ghabhail air sgilean mar neach-teagaisg dràma àrd-ùrlair a leasachadh. Bidh an cùrsa air a stiùireadh leis an Ollamh Maggie Kinloch agus Artair Donald. Bidh e air a theagasg ann am Beurla, ach bidh cothroman obrach ann tro mheadhan na Gàidhlig.

Teaching Acting through Gaelic

RSAMD, 8th – 13th August 2011, £425

This short course is designed to offer the experienced Gaelic-speaking drama practitioner the chance to develop their skills as a teacher of theatre. The course is led by Professor Maggie Kinloch and Artair Donald. It will be taught in English, but provide opportunities for working in Gaelic.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun dà chùrsa sin agus na cùrsaichean samhraidh eile san Acadamaidh, tadhailibh air: www.rsamd.ac.uk/academyworks/summershools/performance. For more information about both these courses and the other Academy summer courses visit: www.rsamd.ac.uk/academyworks/summershools/performance.

Royal Scottish Academy
of Music and Drama

© Kenneth Dundas/RSAMD

Fòram Coimhearsnachd Gàidhlig Ghlaschu Glasgow's Gaelic Community Forum

Tha Fòram Coimhearsnachd Gàidhlig Ghlaschu air a dhèanamh suas à buidhnean agus daoine fa leth sa bhaile le ùidh ann an Gàidhlig. Bidh e a' coinneachadh dà uair sa bhliadhna agus 's e a dhleastanas a bhith a' cumail sùil air adhartas le Plana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu. Cumar an ath choinneamh den Fhòram ann an Seòmraichean a' Bhaile tràth san Ògmhios, agus bithear a' cuimseachadh air Gàidhlig agus daoine òga. Nam bu mhath leibh tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu Dòmhnall Mac a' Phì - faicibh gu h-ìosal.

Glasgow's Gaelic Community Forum is made up of organisations and individuals in the city with an interest in Gaelic. It meets twice a year and has a role in monitoring progress on Glasgow City Council's Gaelic Language Plan. The next meeting of the Forum will be held in the City Chambers in early June and its focus will be on Gaelic and young people. If you would like further information, please contact Donald MacPhee - see below.

Plana Gàidhlig Ghlaschu 2009 - 2012 Glasgow's Gaelic Language Plan 2009 - 2012

Chaidh aonta a chur ri Plana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu 2009 - 2012 le Bòrd na Gàidhlig sa Ghearran 2010. Tha am Plana a' gealltainn gum bi adhartas sa Phlana air ath-bhreithneachadh gach bliadhna. Tha obair a-nis air tòiseachadh air an seo agus bidh a' chiad aithisg sgrùdaidh ri faotainn ron Ògmhios 2011.

Tha am Plana ri fhaotainn air-loidhne aig www.glasgow.gov.uk/en/YourCouncil/PolicyPlanning_Strategy/Corporate/GaelicLanguagePlan agus lethbhreac chruaidh bho Dhòmhnall Mac a' Phì, Oifigear Leasachaidh Gàidhlig, donald.macphee@glasgow.gov.uk no fònaibh gu 0141 287 5940.

Glasgow City Council's Gaelic Language Plan 2009 - 2012 was approved by Bòrd na Gàidhlig in February 2010. One of the commitments in the Plan is to an annual review of its progress. Work has now started on this and the first monitoring report will be available by June 2011.

The Plan is available on line at www.glasgow.gov.uk/en/YourCouncil/PolicyPlanning_Strategy/Corporate/GaelicLanguagePlan and in hard copy from Donald MacPhee, Gaelic Development Officer, donald.macphee@glasgow.gov.uk or phone 0141 287 5940.

Ro-Innleachd Leasachaidh na Gàidhlig Gaelic Language Development Strategy


Tha Bòrd na Gàidhlig air maoinachadh a thoirt do Chomhairle Baile Ghlaschu bho Mhaoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) airson pròiseact rannsachaidh air solar do luchd-ionnsachaidh inbheach ann an Glaschu. Tha a' phròiseact ag amas air cuideachadh le eileamaid an luchd-ionnsachaidh inbheach ann am Plana Gàidhlig na Comhairle a liubhairt, agus amasan nas fharsainge Ginealach Ùr na Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig.

Tha an rannsachadh ga ghabhail os làimh le Sgoil Gnothachais Caledonian ann an Oilthigh Caledonian Ghlaschu, agus tha e air a stiùireadh leis an Dr Dùbhghlas Chalmers, le taic bhon Dr Lindsay Milligan agus bhon Ollamh Mike Danson à Oilthigh Taobh Siar na h-Alba. Tha pàirt chudromach den rannsachadh an sàs ann an deasbadan le luchd-ionnsachaidh làithreach, a' sgrùdadh am feumalachdan agus an tograidhean agus an ìre fileantachd, agus cuideachd deasbadan le oidean.

Bidh an rannsachadh air fhoillseachadh ron Ògmhios 2011. Bòrd na Gàidhlig has given Glasgow City Council funding from the Gaelic Language Act Implementation Fund (GLAIF) for a research project into provision for adult Gaelic learners in Glasgow. The project aims to help in the delivery of the adult learning element of the Council's Gaelic Language Plan and the wider aims of Bòrd na Gàidhlig's Ginealach Ùr na Gàidhlig.

The research is being undertaken by the Caledonian Business School at Glasgow Caledonian University and is being led by Dr Douglas Chalmers, supported by Dr Lindsay Milligan and Professor Mike Danson of the University of the West of Scotland. A very important part of the research is discussions with current adult learners, examining their needs and motivations and their level of fluency and also discussions with current tutors.

The research will be published by June 2011.



Togail Mothachadh don Ghàidhlig Raising Awareness of Gaelic

Tha còrr agus 120 ball de luchd-obrach tarsainn Comhairle Baile Ghlaschu agus Glaschu Beò air pàirt a ghabhail ann an seiseanan Togail Mothachadh don Ghàidhlig thar nan sia mìosan a dh'fhalbh. Am measg an luchd-obrach, tha iadsan a tha ann an dreuchd co-cheangailte ri obair le buidhnean coimhearsnachd no le luchd-tadhail le ùidh ann an Gàidhlig, gun fheadhainn a tha airson an cuid ùidh ann an Gàidhlig agus na h-ealain a thoirt nas fhaide.

Tha Clì Gàidhlig air an cùrsa a chur air adhart le taic maoinachaidh bho Bòrd na Gàidhlig. 'S e Plana Gàidhlig a' Bhaile a neadachadh aon de ghnìomhachdan Ghlaschu, agus tha e air dearbhadh a bhith na dhòigh thlachdmhor agus inntinneach do luchd-obrach smaoineachadh mu àite na Gàidhlig anns na seirbheisean againn.

Beachdan agus fiosrachadh air ais:

"... b' e an nì bu luachmhor den latha gun do las e miann airson tuilleadh fhaighinn a-mach mun a h-uile nì co-cheangailte ri Gàidhlig. 'S e latha mìorbhaileach a bh' ann"

"Bu toil leam Gàidhlig a chur an aithne mar chuspair an taobh a-staigh seiseanan cluiche, a' toirt a-steach nan sgeulachdan a chaidh innse dhuinn agus a' brosnachadh na cloinne gus sgeulachd a thoirt beò tro ealain, dràma agus cluiche ..."

"tha eadar-theangachadh air ainmean-àite, ainmean bheanntan agus deibh-tìre na h-Alba a' cuideachadh le leughadh mhapaichean agus samhlachadh sùla, tro fhoghlam a-muigh."

Faic làrach-lìn Clì Gàidhlig www.cli.org.uk gus tuilleadh fhaighinn a-mach mu ghnìomhachdan Chlì - gu h-àraid Cothrom, iris dhathte bheòthail do luchd-ionnsachaidh.

Over 120 members of staff across Glasgow City Council and Glasgow Life have taken part in Gaelic Awareness Raising sessions over the last six months. Staff include those whose job involves working with community groups or visitors with an interest in Gaelic, to those who want to take an interest in Gaelic language and arts a bit further.

Clì Gàidhlig have provided the course with funding support from Bòrd na Gàidhlig. It is one of Glasgow's activities to embed the City's Gaelic Language Plan and has proved a really enjoyable and interesting way for staff to think about the role of Gaelic in our services.

Comments and feedback:

"... what the day did most of all was to ignite a desire to find out more about all things Gaelic. It was a fabulous day ..."

"Would like to introduce Gaelic as a theme within play sessions, introducing the fairy tales we were told and getting the kids to bring the story alive through arts, drama and play ..."

"translations of place names, mountain names and landscapes of Scotland assists with map reading and visualisation through outdoor education."

See the Clì Gàidhlig website www.cli.org.uk to find out more about Clì's activities - especially Cothrom, a lively and colourful magazine for learners.

Aidh Sgrìobh! (Aye Write!) – Tachartasan 2011

Aye Write! – 2011 Events

Tha prògram Aidh Sgrìobh! na bliadhna seo a' ruith bho 4mh – 12mh Màirt ann an Leabharlann Mitchell agus bidh trì tachartasan ann a bhios ùidheil do luchd-labhairt na Gàidhlig.

This year's Aye Write! programme runs from 4th – 12th March at the Mitchell Library and has three events of interest to Gaelic speakers.

5mh Màirt, 2 – 3f, £8/£6

Ann an **The Poor Had No Lawyers**, tha Andy Wightman a' toirt an leughadair tro eachdraidh na h-Alba gus faighinn a-mach ciamar agus carson a fhuair uachdarain grèim air na milleanan de dh'acairean fearainn a bha aig aon uair air an cumail coitcheann. Tha e a' deasbad seo le Ray Perman aig a bheil an leabhar *The Man Who Gave Away His Island: A Life of John Lorne Campbell of Canna* a tha ag innse mar a cheannaich an Caimbeulach an t-Eilean gus pàirt den chultar Ghàidhlig thraidiseanta a ghleidheadh, agus gus taisbeanadh gum faodadh modhan tuathanachais èifeachdach a bhith co-chòrdail le glèidhteachas fiadh-bheatha agus seasmhachd.

5th March, 2pm – 3pm, £8/£6

In **The Poor Had No Lawyers**, Andy Wightman takes the reader through Scotland's history to find out how and why landowners got their hands on the millions of acres of land that were once held in common. He discusses this with Ray Perman whose *The Man Who Gave Away His Island: A Life of John Lorne Campbell of Canna* tells how Campbell bought the Isle to preserve part of the traditional Gaelic culture and show that efficient farming methods could be compatible with wildlife conservation and sustainability.

9mh Màirt, 7.30 – 8.30f, tachartas an-asgaidh

Thigibh còmhla ri Pàdraig MacAoidh, an sgrìobhadair Gàidhlig òg agus brosnachail a bhios a' beachdachadh air a cheàird agus a' liubhairt leughaidhean bhon chruinneachadh bàrdachd às ùire aige, Dùrachdan. Ann na seachdainean ro Aidh Sgrìobh! bidh Pàdraig air bùithtean-obrach a liubhairt do dh'oileanaich ann an Oilthigh Ghlaschu, agus bithear a' taisbeanadh leughaidhean bho sgrìobhadairean Gàidhlig eile a tha a' tighinn am bàrr, am measg na bàrdachd aige.

9th March, 7.30pm – 8.30pm, free event

Join **Peter MacKay**, the young and exciting new Gaelic writer will discuss his craft and deliver readings from his most recent poetry collection, *Dùrachdan*. In the weeks preceding *Aye Write!* Peter will have delivered workshops to students in Glasgow University and his poetry will be interspersed with showcase readings from emerging Gaelic writers.

12mh Màirt, 12.30 – 1.30f, £8/£6

Choisinn Ossian, cruinneachadh de dh'euchd-dhàin a bha air an sgrìobhadh sa Ghàidhlig san fhìor thoiseach agus air an eadar-theangachadh gu Beurla le Seumas Mac a' Phearsain, cliù eadar-nàiseanta a tha gan samhachadh ris an Iliad aig Homer, a' spreagadh mòran sgrìobhadairean às dèidh sin leithid Bhaltar Walter Scott agus Goethe. 'S e eagrann ùr a th' ann an *Ossian: How Fragments of an Ancient Myth Changed Our Perception of the World*. Tha Ailean Burnett (san dealbh) gar stiùireadh tron sgeulachd agus tro na dàin.



12th March, 12.30pm – 1.30pm, £8/£6

Ossian, a collection of epic poems, originally written in Gaelic and translated by James MacPherson into English, achieved international success and has been compared with Homer's Iliad, inspiring many later writers such as Walter Scott and Goethe. *Ossian: How Fragments of an Ancient Myth Changed Our Perception of the World* is a new edition. Allan Burnett (pictured) guides us through the story and the poems.

Faic làrach-lìn www.ayewrite.com airson tuilleadh fiosrachaidh agus mion-fhiosrachadh mun làn phrògram. Faodar tiocaidean a dhearbhadh air-loidhne, air a' fòn 0141 353 8000 no bhon Leabharlann Mitchell.

See Web site www.ayewrite.com for more information and details of the whole programme. Tickets can be booked online, by telephone 0141 353 8000 or in person in The Mitchell Library.

Tachartasan Coimhearsnachd Gàidhlig

Gaelic Community Events

Farpais-cheist Ghàidhlig Taigh-seinnse

Gaelic Pub Quiz

Thigibh gu oidhche air leth ann an Taigh-seinnse na Pàirce, Sràid Earra-Ghàidheal, agus ionnsaichibh no cleachdaibh ur cuid Gàidhlig. Tha e a' cosg £2 do gach com-pàirtiche agus tha duaisean ann don sgioba sa chiad agus san dàrna àite. Tha cothrom ann airson seinn no ceòl a chluich às dèidh na farpais-cheist. Oidhcheannan san amharc: 16 Màirt, 7.30f; 20 Giblean, 7.30f.



Come to an excellent night at the Park Bar, Argyle St, and learn or practice your Gaelic. It costs £2 per participant and there are prizes for the first and second place teams. There is an opportunity to sing or perform music after the quiz. Next nights: 16th March, 7.30pm; 20th April, 7.30pm.

Clasaichean Còmhraidh Gàidhlig

Gaelic Conversation Classes

Ann na clasaichean cuspaireil seo, bidh sinn a' cur an aithne prìomh fhigearan Gàidhlig mun cuairt Ghlaschu do ar luchd-ionnsachaidh, agus a' cuideachadh le cultar agus traidisean na Gàidhlig adhartachadh. Tha ar n-oidean a tha uidheamaichte le teisteanas, ri làimh gus cuideachadh le gràmar agus cumaidh iad an còmhraidh a' dol fhad 's a bhios tu a' cleachdadh do chuid Gàidhlig. Tha sinn deiseil airson gach neach bho luchd-tòiseachaidh gun fheadhainn a tha faisg air a bhith fileanta. During these themed classes, we introduce our learners to key Gaelic figures around Glasgow and help to promote Gaelic culture and tradition. Our qualified tutors are on hand to help with grammar and will keep the conversation flowing while you practice your Gaelic. We cater for everyone from beginners to those who are pushing to be fluent speakers.

Clasaichean san amharc: 23 Gearran 2011 –

Tha mi air beagan Gàidhlig ionnsachadh, ach dè a-nis?

Bidh Fiona Dunn, an t-Oifigear Gàidhlig ann an Oilthigh Ghlaschu, a' tadhal airson bruidhinn mu dheidhinn a cuid eòlais an lùib ionnsachadh na Gàidhlig agus mar a tha i a-nis a' cleachdadh a' chàinain na beatha làitheil. Bidh clas luchd-tòiseachaidh agus clas eadar-mheadhanach a' leantainn air an seo.

Next classes: 23rd February 2011 - I've learnt some Gaelic, what now?

Fiona Dunn, Gaelic Officer at the University of Glasgow, drops by to talk about her experience of learning Gaelic and how she now uses the language in her daily life. Beginners class and intermediate class follow.

30 Màirt 2011 – Gàidhlig san Àm ri Teachd – Dè do bheachd!

Feasgar eadar-obrachail air a chur an gnìomh le Mairead NicEachaim mu dhòigh air conaltradh ri Pàrlamaid na h-Alba agus na sgilean sin a chleachdadh gus feabhas a chur air a' Ghàidhlig san àm ri teachd. Bhòt airson na Gàidhlig! Bidh clas luchd-tòiseachaidh agus clas eadar-mheadhanach a' leantainn air an seo.

Bidh clasaichean a' gabhail àite bho 7-9f air an Diciadain mu dheireadh sa mhios ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Tha clàradh a' cosg £5 airson na sreath de chlasaichean. Airson clàradh, tadhailibh air <http://www.eventelephant.com/gaelic-classes>.

30th March 2011 - The Future of Gaelic - You decide!

An interactive evening presented by Mairead MacKechnie on how to engage with the Scottish Parliament and how to use these skills to improve the future of Gaelic. Vote for Gaelic! Beginners class and intermediate class follow.

Classes take place from 7-9pm on the last Wednesday each month in the Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Registration costs £5 for the series of classes. To register, please visit <http://www.eventelephant.com/gaelic-classes>.

Coinneachadh Gàidhlig Ghlaschu Glasgow's Gaelic Meet-up

'S e cothrom math a tha seo airson coinneachadh ri luchd-ionnsachaidh Gàidhlig eile agus ur cuid Gàidhlig a chleachdadh ann an suidheachadh neo-fhoirmeil. Bidh sinn a' coinneachadh air a' chiad Diciadain sa mhìos aig 7f ann an Taigh-òsta Earra-Ghàidheal. Tha an coinneachadh fìor fhreagarrach do luchd-ionnsachaidh uile, agus thathar an-còmhnaidh a' sireadh fhileantaich airson cuideachadh. Ma tha sibh airson a bhith an làthair aig a' chruinneachadh seo, faicibh am fiosrachadh gu h-ìosal.

Airson fiosrachadh mun seo agus tachartasan coimhearsnachd eile, faicibh <http://www.meetup.com/GaelicGlasgow>.

This is a great opportunity to meet other Gaelic learners and use your Gaelic informally. We meet on the first Wednesday each month at 7pm in the Argyll Hotel. The meet-up is ideal for all learners and fluent speakers are always sought after to help out. If you would like to attend this free meet-up please see contact details below.

For information on these and other community events see <http://www.meetup.com/GaelicGlasgow>.

Agallamh le Evelyn Blair Interview with Evelyn Blair

Coinneachadh Gàidhlig Ghlaschu Glasgow's Gaelic meet-up



Ciamar a thàinig thu na lùib?

Tha mi air a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig bho àm gu àm airson bliadhnaichean. Bha mi air crìoch a chur air cùrsa aig astar le Sabhal Mòr Ostaig agus ged a bha mi air mòran ionnsachadh, bha fios agam gun robh feum agam air tuilleadh cleachdaidh ann an labhairt a' chàinain.

Bha mi air m' ainm a chur sìos air làrach a' choinneachaidh mar a bhith a' coimhead airson coinneamh le Gàidhlig. Nuair a chuir Seumaidh Uallas buidheann Coinneachaidh luchd-labhairt na Gàidhlig air bhonn, fhuair mi brath agus chaidh mi gun chiad choinneamh san Òran Mòr a dh'fhaicinn cò ris a bha e coltach agus tha mi air a bhith na lùib bhon uair sin.

How did you get involved?

I have been learning Gaelic on and off for years. I'd finished a distance learning course with Sabhal Mor Ostaig and while I'd learned a lot, I knew that I needed more practice speaking the language.

I'd put my name down on the meet up site as looking for a meeting for Gaelic. When Jamie Wallace started the Gaelic speakers Meetup group I got an alert and went along to the first meeting in Oran Mor to see what it was like and have been involved since then.

Dè na tachartasan a bhios tu a' frithealadh?

Bidh mi a' frithealadh na buidhne a bhios a' coinneachadh gach mìos ann an Taigh-òsta Earra-Ghàidheal air Sràid Sauchiehall, cho tric 's as urrainn dhomh. Tha farpais-cheist Ghàidhlig gach mìos ann an Taigh-seinne na Pàirce, agus thar nan còig mìosan a dh'fhalbh tha clas Còmhraidh Gàidhlig anns an Sgoil Ghàidhlig uair sa mhìos, le feart sònraichte gach oidhche air a leantainn le còmhraidhean air an stiùireadh leis an oide, do luchd-tòiseachaidh, eadar-mheadhanaich agus fileantaich.

Bidh mi a' frithealadh nam buidhnean sin gus am bi cothrom agam an cànan a labhairt agus a chleachdadh agus feabhas a chur air mo chuid Gàidhlig. Airson neach sam bith le ùidh, chanainn riutha a thighinn ann agus fheuchainn. Tha na buidhnean càirdeil agus coibhneil, le daoine a tha ag ionnsachadh agus aig diofar ìrean comais. Tha gach neach tuigseach agus deònach do chuideachadh.

Which events do you attend?

I go along to the monthly meet up group in the Argyll Hotel in Sauchiehall Street whenever possible. There is a monthly Gaelic Quiz Night in the Park Bar and for the last five months there has been a Gaelic Conversation class in the Gaelic School once a month with a special feature each night followed by tutor led conversation groups for beginners, intermediate and fluent.

I attend these groups in order to have the opportunity to speak and practice and improve my Gaelic. To anyone interested I'd say, come along and see. The groups are friendly and welcoming, with people who are learners at all different stages of proficiency. Everyone is understanding and willing to help you out.

Mun bhileag seo About this newsletter

Tha sinn an dòchas gun do chòrd an t-eagran deireannach de Glaschu Beò ribh airson 2010/2011 – foillseachadh do gach neach le ùidh ann an cànan, ealain agus cultar na Gàidhlig. 'S e glòir-mhiann Ghlaschu gum bi coimhearsnachd Ghàidhlig shoibheachail bheòthail ann, a bhios fosgailte do na h-uile agus tha Glaschu Beò air leth toilichte a bhith comasach air cur ris a' ghlòir-mhiann seo.

Tha sinn airson ur beachdan a chluinntinn mun litir-naidheachd seo. An do chòrd an cruth, stoidhle, artaigilean agus an tricead ribh? Nam biodh litir-naidheachd eile ann, dè bu mhath leibh fhaicinn? Nam bu toil leibh fiosrachadh air ais a thoirt dhuinn, cuiribh fios thugainn aig glasgowslearning@glasgowlife.org.uk no gu Ionnsachadh Ghlaschu, Glaschu Beò, 3mh Ùrlar, 20 Geata an t-Sràin, Glaschu, G1 5ES. We hope you enjoyed the final edition for 2010/2011 of Glaschu Beò – a publication for everyone with an interest in Gaelic language, art and culture. Glasgow's ambition is to have a vibrant, thriving Gaelic community, open to all and Glasgow Life is delighted to have been able to contribute to this ambition.

We want to hear what **you** thought of this newsletter. Did you like the format, style, articles, frequency? If there was another newsletter, what would you like to see? If you would like to give us some feedback, please contact us at glasgowslearning@glasgowlife.org.uk or Glasgow's Learning, Glasgow Life, 3rd Floor, 20 Trongate, Glasgow, G1 5ES.



Thugadh an litir naidheachd seo gu buil le Glaschu Beò le maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig. Bha am fiosrachadh a th' anns an litir-naidheachd ceart agus coileanta aig àm foillseachaidh. Airson tuilleadh fiosrachaidh no fiosrachadh às ùr mu ghnìomhachdan Gàidhlig, coimheadaibh ris an làraich-lìn againn <http://www.glasgowlife.org.uk/> glaschu-beò no làraich-lìn nam buidhnean eile a tha air an liosta. This newsletter was produced by Glasgow Life with funding from Bord na Gaidhlig. The information it includes was correct at the time of publication. For more information or further updates on Gaelic activities, please look on our website <http://www.glasgowlife.org.uk/glaschu-beo> or the websites of the other organisations listed.